

Notaichean an Tidseir

Chaidh am pasgan dathach tarraingeach seo a dhealbh gus sgilean cànanain nan sgoilearan a leasachadh tro bhith a' togail air an ùidh aca ann an Geamannan a' Cho-fhlaitheis ann an Glaschu, ach seasaidh na cairtean agus am fiosrachadh nas fhaide na sin.

Gabhaidh an cleachdadh le sgoilearan Gàidhlig ann an ceann shuas na bun-sgoile agus ceann shìos na h-àrd-sgoile. Cuiridh sgoilearan feum orra a rèir an comasan fhèin, le stiùireadh bhon tidsear. Bidh rudeigin ann airson a h-uile duine, co-dhiù bhios iad ag obair nan aonar no ann am buidheann, agus le taic bho na cairtean, bidh e comasach do na sgoilearan bruidhinn ann am beagan doimhneachd air na spòrsan agus air na dùthchannan a tha nam pàirt den Cho-fhlaitheas.

Na tha anns a' phasgan:

- postair le brataich dùthchannan a' Cho-fhlaitheis
- postair a' sealltainn nan 17 spòrsan a bhios an lùib Geamannan Ghlaschu
- stigearan a' buntainn ri spòrs
 - *a' chiad àite*
 - *Tha mise math ann an sgioba*
 - *Bhuannaich sinne!*
 - *'S math a rinn sibh!*
- seat chairtean a' buntainn ri spòrsan Geamannan Ghlaschu
- seat chairtean a' buntainn ri dùthchannan a' Cho-fhlaitheis.

Tha na cairtean a' toirt fiosrachadh seachad ann an dòigh a bhrosnaicheas leughadh, tuigse agus labhairt nan sgoilearan. Tha an obair a tha air a cur romhpa a' gabhail a-steach matamataig sgilean-beatha, le sgaradh, agus obair rannsachaidh a tha ag iarraidh gun tèid am fiosrachadh a thèid a chruinneachadh a chleachdadh no a thaisbeanadh ann an caochladh dhòighean.

Spòrsan

Tha cairt ann airson gach aon de na 17 spòrsan, le fiosrachadh fo na cinn seo:

- **àite** – far a bheil an spòrs ga chluich, meud na pàirce, msaa
- **àmas** – dè tha farpaisich a' dèanamh gus buannachadh

- **prìomh riaghailtean** – riaghailt no dhà a tha cudromach san spòrs
- **farpaisich ealanta** – ainmean dhaoine a tha aithnichte san spòrs
- **briathrachas** – faclan a’ buntainn ris an spòrs

Tha cairt eile ann air a bheil ceistean (agus freagairtean) mun fhiosrachadh seo, agus obair.

Faodaidh na sgoilearan obrachadh ann an càraidean no ann am buidhnean beaga, far a bheil sgoilearan nas comasaiche a’ toirt taic don fheadhainn nach eile cho fileanta.

Cuir na ceistean seo air do charaid

Ann an càraidean/buidhnean, taghaidh na sgoilearan spòrs agus faodaidh iad coimhead air an fhiosrachadh agus air na ceistean còmhla an toiseach. Nuair a bhios iad deiseil, cuiridh aon sgoilear/bhuidheann ceist bhon chairt air an sgoilear/bhuidheann eile agus freagraidh iadsan, a’ cleachdadh an fhiosrachaidh air a’ chairt.

Faodaidh iad am freagairt a thoirt seachad le bhith a’ togail an fhiosrachaidh dìreach bhon chairt, no le bhith ga chur nam faclan fhèin. Faodaidh an tidsear iarraidh orra seantans slàn a chleachdadh, no leigeil leotha freagairt le aon fhacal no abairt, a rèir ’s dè a’ bhuil a tha san amharc, tuigse no labhairt.

Faodaidh an sgoilear a tha a’ cur nan ceist caochladh dhòighean a chleachdadh gus innse a bheil am freagairt ceart:

- *Tha sin ceart*
- *Glè mhath*
- *Chan e sin a tha air a’ chairt*
- *A bheil thu cinnteach?*
- *Tha mi duilich, tha sin ceàrr*
- *Feuch a-rithist*
- *’S math a rinn thu!*

Dh’fhaodadh sgoilearan ceistean eile a dhèanamh suas, a’ cleachdadh an fhiosrachaidh air na cairtean, no bhon eòlas aca fhèin air an spòrs.

Obair

Tha ceistean matamataig sgilean-beatha ann, aig diofar ìrean. Stiùiridh an tidsear sgoilearan gu na ceistean a tha freagarrach dhaibh. Tha na freagairtean an cois nan notaichean seo.

Tha obair rannsachaidh ann a tha a' togail air cuspair nan cairtean. Thatar an dùil gun obraich sgoilearan air na gnìomhan seo aig an ìre fhèin. Tha air iarraidh orra fiosrachadh a lorg agus a thaisbeanadh/a chleachdadh ann an diofar dhòighean, mar eisimpleir, postair; duilleag-lìn; aithris do BhBC Alba; leasan a lìbhrigeas iad fhèin; podcast. Tha liosta de cheangalan an cois nan notaichean seo gu làraich far a bheil goireasan sa Ghàidhlig. Tha tòrr stuth math aig a' BhBC.

Dùthchannan


Tha fiosrachadh ann mu na 53 dùthchannan sa Cho-fhlaitheas, agus mun Ghambia a dh'fhàg ann an 2013. Tha am fiosrachadh air a thoirt seachad fo na cinn a leanas:

- **Mòr-thìr**
- **Farsaingeachd**
- **Àireamh-sluaigh**
- **Prìomh-bhaile**
- **Domhan-leud/fhaid**
- **Sòn-tìm**
- **Prìomh chànan(an)**
- **Airgead**
- **MTD (PPP) \$SA**

A-rithist, 's e an t-amas gun tèid leughadh, labhairt, agus tuigse nan sgoilearan air a' chànan a leasachadh.

Faodar na cairtean seo a chleachdadh aon mu seach, gus fòcas a chur air aon dùthaich, no mar phaca. Ann an càraidean/buidhnean, far a bheil sgoilearan nas comasaiche còmhla ri sgoilearan nach eil cho fileanta, faodaidh iad ceistean a chur air a chèile mun fhiosrachadh air na cairtean.

Faodar na cairtean a chleachdadh cuideachd mar ghèam Top Trumps, far a bheil an sgoilear/am buidheann as luaithe a bheir freagairt ceart a' faighinn puing. Taghaidh an tidsear grunn dhùthchannan, a rèir 's dè tha iad a' rannsachadh agus/no comasan nan sgoilearan.



Tha liosta de cheistean an cois nan notaichean seo a ghabhas cleachdadh mar phàtran.

Faodar am fiosrachadh a chur gu feum cuideachd ann an obair eile co-cheangailte ri dùthchannan a' Cho-fhlaitheis. Tha faidhle Excel an cois nan notaichean seo far a bheil am fiosrachadh mu na dùthchannan cruinn còmhla.